

# Dèan bholcàno dhut fhèin!

## Na dh'fheumas tu:

Stuth-nighe shoithichean  
Fìon-geur  
Sòda-arain  
Cupa plastaig  
Dath-bìdh dearg/buidhe  
(ma tha thu ag iarraidh)  
Dh'fhaodadh tu  
bholcàno a thogail le  
papier mache, plastasan,  
crèadh, gainmheach no  
fiù 's poll.



## Na nì thu

1. Cuir an cupa plastaig am broinn na bholcàno.
2. Cuir ann dà spàin mhòr de shòda-arain.
3. Cuir ann spàin mhòr de stuth-nighe shoithichean.
4. Cuir dath-bìdh ann ma tha thu ga chleachdadh.
5. Gu cabhagach cuir ann 60ml de fhìon-gheur agus faic a' bholcàno agad a' spreadhadh!

## Dè tha a' tachairt?

Tha thu air iom-obrachadh ceimigeach a dhèanamh! Le bhith a' measgachadh na searbhaig (fìon-geur) leis an alcalaidh (sòda-arain), chaidh builgeanan de charbon dà-ogsaid a sgaoileadh.

## Rannsaich!

1. A bheil teas an fhìon-gheur a' toirt buaidh air cho luath 's a bhios a' bholcàno a' spreadhadh?
2. A bheil cruth na bholcàno a' toirt buaidh air far am bi an 'làbha' a' sruthadh?
3. Dè as urrainn dhut a chur dhan 'làbha' airson a dhèanamh slaodach gus am bi e nas coltaiche ri làbha fìor?
4. Dè am measgachadh de fhìon-geur agus sòda-arain a nì an spreadhadh as motha?

